



Tiotal: A' coimhead às dèidh phlanntaichean agus bheathaichean

Pàirt 2: Cuairtean Beatha

Ìre: A' CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag ionnsachadh mu cò às a tha rudan beò a' tighinn agus mar a tha iad a' fàs, a' tighinn air adhart agus air an àrach. HWB 1-50a	<ul style="list-style-type: none">Ag aithneachadh na dh'fheumas beathaichean, planntaichean agus daoine airson fàs agus tighinn air adhart.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann gum bi gach rud beò a' fàs agus ag atharrachadh.
- Gun tùisich a' chlann air ceangal a dhèanamh eadar na tha iad ag ionnsachadh agus an tighinn air adhart agus an fhàs aca fhèin.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cuairt-bheatha bheathaichean sònraichte a chur ann an òrdugh.
- 'S urrainn dhomh sgrùdadh a dhèanamh air factaran a bhios a' bualadh air fàs agus tighinn air adhart rudan beò.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- The life cycle of the butterfly:
http://www3.canisius.edu/~grandem/butterflylifecycle/The_Lifecycle_of_a_Butterfly_print.html
- The life cycle of a butterfly <https://youtu.be/O1S8WzwLPIM> (faid 5 mion. 15 diogan)
- The life cycle of a frog <https://youtu.be/FIXoJYbBl0> (faid 5 mion. 6 diogan)
- The life cycle of the frog: <https://learning-center.homesciencetools.com/article/life-cycle-frog/>
- The life cycle of the frog: <https://kiddyhouse.com/themes/frogs/life-cycle-of-a-frog/>
- Truinnsearan pàipeir/pinn/creidheanan airson obair ealain

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Bidh ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma shuidheas a' chlann còmhla an toiseach. Tòisich mar seo. Rach thairis air an leasan mu dheireadh far an robh an clas a' bruidhinn air a bhith a' coimhead às dèidh phlanntaichean. Dè tha cuimhn' aca air mu na dh'fheumas plannt airson fàs agus beairteachadh? Ma tha e na chuideachadh, coimheadaibh a-rithist air fear de na cartùnaichean mu na dh'fheumas planntaichean.
2. Inns dhan chloinn gu bheil iad air coimhead air mar a tha plannt a' tòiseachadh a bheatha (bho shìol) agus an uair sin a' fàs, seo cuairt-bheatha plannt. (Ciamar a tha a' dol dhan phònair agad?) An-diugh bidh a' chlann a' coimhead air toiseach beatha meanbh-bhiastaig 's beathaichean eile, agus air mar a bhios iad a' fàs agus a' tighinn air adhart.
3. **Cuairt-bheatha dealain-dè** (*Tobraichean eile/goireasan air am faod sibh coimhead*)
An toiseach – Faighnich a bheil fios aig neach sam bith ciamar a tha beatha dealan-dè a' tòiseachadh. Faodar na slaghdean a chleachdad airson taic fhad 's a tha thu a' mìneachadh:
 - Bidh dealan-dè a' breith ugh.
 - Bidh burras a' tighinn a-nuas às an ugh (larva).
 - Bidh am burras a' dèanamh cochall mu thimcheall fhèin.
 - Bidh an cochall a' dol na dhealan-dè.

No: Cleachd am fiosrachadh seo air-loidhne anns a bheil dealbhan agus fiosrachadh agus dealbhan air an coimhead sibh còmhla: Cuairt-bheatha dealain-dè:

http://www3.canisius.edu/~grandem/butterflylifecycle/The_Lifecycle_of_a_Butterfly_print.html

Dh'fhaodadh sibh cuideachd coimhead air **the life cycle of a butterfly**

<https://youtu.be/O1S8WzwLPIM> (faid 5 mion. 15 diog.) Stad aig 4 mion 48 air an ceartcall beatha fhaicinn.

4. **Cuairt-bheatha losgainn** (*Tobraichean eile/goireasan air am faod sibh coimhead*)
Gluais air adhart gu bhith a' coimhead air cuairt-bheatha losgainn – seall slaghda dealbh nan ceann-phollan agus na losgainn – faighnich a bheil fios aig duine ciamar a bhios beatha cheann-phollan a' tòiseachadh. Am faca duine gin riamh ann an lochan?
 - Beiridh an losgann boireann uighean 's bidh an losgann fireann gan torrachadh
 - Bidh linn a' tighinn às na h-uighean agus a' dol nan ceann-phollain òga.
 - Bidh na ceann-phollain òga a' fàs gu bhith nan losgainn bheaga.
 - Bidh na losgainn bheaga a' fàs.

Seall an cartùn **Life cycle of the frog** dha na sgoilearan <https://youtu.be/FIXoJYbBl0> (faid 5 mion. 6 diogan) Tha teacsa san filim ach chan eil neach a' bruidhinn, mar thidsear leugh an teacsa mar a tha e a' nochdad. Stad aig 4 mion. 47 airson a' chuairt-bheatha a shealltainn.


Till chun an slaghda, faic a bheil a' chlann a' tuigsinn, obraich tro cheistean sam bith.

Tha duilleag an cois seo, le teacsa agus dealbhan, a ghabhas a chleachdad an àite nan slaghdean agus an cartùn: <https://learning-center.homesciencetools.com/article/life-cycle-frog/>

Tha dealbhan an seo a ghabhas luchdachadh a-nuas:

<https://kiddyhouse.com/themes/frogs/life-cycle-of-a-frog/>

5. **Obair:** larr air a' chloinn dealan-dè no losgann a thaghadh. Air truinnshear pàipeir, faodaidh iad ceithir roinnean a dhealbh agus dealbhan de chuairt-bheatha a' bheathaich a thagh iad a dhèanamh – bho ìre thràth gu inbheachd. Faodaidh iad faclan a sgriobhadh air na dealbhan ma thogras iad. Faodaidh sibh an taisbeanadh sa chlas agus an uair sin an toirt dhachaigh.



Ceangal ris an Dachaigh

Tha teacs a' dol an cois obair 1.

Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

A' coimhead às dèidh phlanntaichean agus bheathaichean: Planntaichean

A' coimhead às dèidh phlanntaichean agus bheathaichean: A' coimhead às dèidh bheathaichean

Notaichean Tidseir